



Pasgan Trusaidh

Cuidiche nam meadhanan sòisealta & rianachd - Seachdain na Gàidhlig

Cùl-eòlas - Seachdain na Gàidhlig

Fon mhòr-chuspair ‘Ceanglaichean gun Chrìch’, togaidh Seachdain na Gàidhlig 2025 air na seachdainean soirbheachail roimhe sin le bhith a’ toirt cruinn daoine anns na coimhearsnachdan aca fhèin. Bheir Seachdain na Gàidhlig cruinn luchd-ùidhe, com-pàirtichean, na naidheachdan (meadhanan craolaidh ’s clò-bhualaidh), luchd-brìgh nam meadhanan sòisealta, daoine a ghabhas pàirt, coimhearsnachdan is luchd-èisteachd sa Ghearran is sa Mhàrt 2025 a chleachdadh is a chomharradh na Gàidhlig.

Bidh lìonra de ghnìomhachdan co-òrdanaichte an lùib Seachdain na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus thall thairis eadar 24mh dhen Ghearran is 2na dhen Mhàrt 2025 agus sna seachdainean roimhe sin. Brosnaichidh an t-seachdain seo a’ Ghàidhlig dhan a h-uile duine, le tachartasan oifigeach, pròiseactan foghlaim is iomairtean coimhearsnachd. Bheir e cothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig agus an fheadhainn aig nach eil i pàirt a ghabhail ann an diofar dhòighean a fhreagras orra fhèin, an dà chuid ann an Alba fhèin agus thall thairis.

Le taic o Bhòrd na Gàidhlig, cuiridh sinn gu dol maoin bheag nan coimhearsnachdan airson daoine agus buidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh meanbh thaic-airgid agus a gheibhear le tagradh sìmplichte airson tachartasan Gàidhlig beaga a chur air chois air feadh na dùthcha. Bidh pròiseact biortail againn dha na sgoiltean cuideachd, an dà chuid sgoiltean foghlam tro mheadhan na Gàidhlig is na Beurla.

Geàrr-chunntas air an dreuchd

Seo cothrom fìor mhath a dhol an sàs sgioba Seachdain na Gàidhlig is taic a chur ri lìbhrigeadh na h-iomairt ann an 2025. Bidh an tagraiche soirbheachail ag obair gu dlùth còmhla ri Joy Dunlop (an stiùiriche), Grant MacPhàrlain (manaidsear nam maoinean beaga), Suzi NicIomhair (riochdaire rianachd) agus fo stiùireadh Innes & Campbell Communications (manaidsear margaideachd). Bidh feum air pailteas sgilean, eadar cruthachalachd, rianachd, dealbhadh is sgilean digiteach, airson taic a chumail ri leasachadh is stiùireadh a' phròiseict, a' chur air adhart Seachdain na Gàidhlig ann an 2025.

Uallaichean

1. Cuidichidh tu an stiùiriche agus manaidsear a' phròiseict ann a bhith a' lìbhrigeadh Seachdain na Gàidhlig, ag obair le com-pàirtichean is buidhnean aig ìre àrd agus buidhnean coimhearsnachd is daoine fa leth.
2. Cuidichidh tu ann a bhith a' leasachadh agus a' cumail dàimhean co-obrachail ri luchd-ùidhe a th' ann mar-thà agus a' stèidheachadh dàimhean ri buidhnean com-pàirteachais eile, ùghdarrasan ionadail eile, buidhnean eile is msaa aig an aon àm.
3. Cuiridh tu taic ri gnìomhachd sna meadhanan sòisealta, mar eisimpleir a' postadh prìomh naidheachdan no dealbhan is grafaigean-fiosrachaidh.
4. Co-roinnidh is brosnachidh tu eadar-ghabhail leis an t-susbaint agus freagraidh tu eadar-ghabhail susbainte.
5. Stèidhichidh is cumaidh tu conaltradh ri sgoiltean is colaistean air feadh na h-Alba, a' toirt dhaibh fiosrachadh mu Sheachdain na Gàidhlig airson an tàladh gu com-pàirteachas.
6. Eadar-theangaichidh tu raon farsaing de theacsaichean, a' gabhail a-staigh stuthan sanasachd is stuthan do luchd-naidheachd (Beurla - Gàidhlig/Gàidhlig - Beurla).
7. Thig thu gu coinneamhan cunbhalach ma thèid seo iarraidh orra is bheir thu fiosrachadh mun adhartas gu sgioba Seachdain na Gàidhlig gu cunbhalach.
8. Cuidichidh tu le lìbhrigeadh gnìomhachdan margaideachd is leasachadh luchd-èisteachd Seachdain na Gàidhlig is le lìbhrigeadh nan iomairtean digiteach ma thèid seo iarraidh orra le Innes & Campbell Communications.
9. Cleachdaidh tu teicneolas digiteach airson meudachadh an luchd-èisteachd is gabhaidh seo a-staigh ùrachadh is glèidheadh na làraich-lìn agus gach ùrlar sna lìonraidhean sòisealta mar a dh'iarrar orra.
10. Cumaidh tu sùil airson cothroman is beachd-smuaintean eile a bhios buannachdail dhan sgioba is dhan pròiseact.
11. Cumaidh tu taic ri sgrìobhadh nan aithisgean is sgrìobhainnean luachaidh.

Eòlas is sgilean

1. Cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig agus aig a bheil sgilean bruidhinn is sgrìobhaidh air leth san dà chànan.
2. Bidh e follaiseach gu bheil sìor dhealas aca do Sheachdain na Gàidhlig agus gun dèilig iad ris an obair air dòigh chruthachail fhiosraichte.
3. Sàr sgilean eadar-phearsanta co-sheasmhach mu choinneamh raon farsaing de chom-pàirtichean a dh'fhaodadh a bhith againn, a' gabhail a-staigh sgoiltean.
4. Comas co-obrachaidh mar phàirt de sgioba beag agus a bhith ag obair air dòigh fhor-ghnìomhach is shùbailte, gu tric le cinn-ama ghoirid.
5. Deagh eòlas air na meadhanan sòisealta, teicneolas digiteach agus mar a chleachdar e ann an leasachadh margaideachd, phròiseactan is luchd-èisteachd.
6. Sgilean fìor mhath ann am planadh is stiùireadh agus brod nan sgilean IT.
7. Comas cruthachalachd is dìorras.

Fiosrachadh mun obair

Tìotal: Cuidiche nam meadhanan sòisealta & rianachd

Ìochdaran aig: Manaidsear a' phròiseict

Prìomh dhàimhean: An stiùiriche, riochdaire rianachd, conaltradh

Seòrsa a' chùmhnaidh: Air do cheann fhèin

Àite-obrach: Aig an taigh

Tuarastal: £3,000

Stèidhichte air 200 uair a thìde x £15 san uair, a' gabhail a-staigh VAT.

An sgeideal pàighidh:

1. Deireadh na Sultaine 2024 - £500
2. Deireadh na Dàmhair 2024 - £500
2. Deireadh na Samhna 2022 - £500
2. Deireadh na Dùbhlachd 2022 - £500
3. Deireadh an Fhaoilich 2022 - £500
4. Aig co-dhùnadh a' phròiseict agus luachadh - £500

Prìomh chinn-là

Toiseach: An t-Sultain 2024

Làn-làithean obrach dhan phròiseact a-mhàin: 24mh dhen Ghearran gu 2na dhen 3 Mhàrt 2025

Luachadh: Màrt/Giblean 2025

Mar a chuirear tagradh a-steach

Cuir lethbhreac dhen CV as ùire agad agus 2 lethbhreac de litir taice (suas ri 500 facal – fear ann an Gàidhlig agus fear ann am Beurla) thugainn air a’ phost-d gu joy@seachdainnagaidhlig.scot.

Bhiodh Joy toilichte an dreuchd seo a dheasbad ro làimh le duine sam bith aig a bheil ùidh ann.

Ceann-là dùnaidh - Dihaoine 16mh dhen Lùnastal 2024.

Thèid na h-agallamhan a chumail air loidhne a-mach o Dhiluain an 19mh dhen Lùnastal, leis an obair a’ tòiseachadh 26mh dhen Lùnastal.

Bu chòir dha na leanas a bhith san litir taice agad:

1. Dè mu dheidhinn Seachdain na Gàidhlig a tharraing d’ ùidh agus carson a tha am pròiseact seo cudromach nad bheachd-sa?
2. Dè na sgilean a th’ agad a chuireadh ri Seachdain na Gàidhlig a rèir tuairisgeul an dreuchd a chunnaic thu gu h-àrd?
3. Ciamar a bhrosnaicheadh tu daoine chun na h-iomairt nach deach an sàs a’ chànain roimhe seo?



LOTTERY FUNDED